

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 9 | 2012 | AN T-SULTAIN

Facal Toisich

Thubhairt dithis mhinistearan on Eaglais Shaoir, Moderàtor an Ard-sheanaidh air fear aca, gum bu chòir na h-Eaglaisean Clèireachail ann an Alba tighinn còmhla. Anns an dùthaich againne tha barrachd bhuidhnean ann air an stèidheachadh air bunaithean an Ath-leasachaidh na bha ann riamh roimhe ann an eachdraidh.

Tha iomadh duilgheadas an lùib na tha ann de dh’eaglaisean Clèireachail ann an Alba. Tha mi a’ smaoinich air eilean beag far a bheil trì buidhnean – Eaglais na h-Alba, an Eaglais Shaor agus an Eaglais Shaor Leantainneach. A thaobh teagaisg chan fhaiceadh neach on taobh a-muigh eadar-dhealachadh eadar na chluinneadh e anns gach cùbaid. Smaoinich air na tha ann de chosgaisean an cois a bhith a’ cumail thogalaichean air dòigh agus a bhith a’ toirt shearmonaichean a-steach airson seirbheisean na Sàbaid. Bhiodh caomhnadh mòr ann air airgead, agus airgead cho gann anns an latha anns a bheil sinne beò, nam biodh adhradh air a chumail ann an aon togalach, ged a dh’fhaodadh seirbheisean air leth ann.

Ach saoilidh mi gur e mìorbhail a bhiodh ann nan tigeadh aonadh de sheòrsa air choireigin eadar Eaglaisean Clèireachail na h-Alba. Tha beàrn mhòr mhòr eadar Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor Chlèireachail. Tha buidhnean eile ann a tha mòran nas fhaisge air a chèile a thaobh chleachdaidhean agus teagaisg. Tha dòighean-adhraidh diofraichte aig na h-eaglaisean air Ghàidhealtachd, feadhainn nach seinn ach na sailm gun inneal-ciùil, feadhainn eile a sheinneas laoidhean le taic o òrgan no o ionnstramaid eile.

Ged a tha e a’ coimhead cho eucoltach ann an sùilean dhaoine gun tachair e, cha bu chòir sin a bhith gar bacadh o bhith ag ùrnaigh gum biodh co-chomann agus co-obrachadh eadar na buidhnean Crìosdail ann an Alba, gu seachd àraidh air Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

**Le mòr-mheas,
Ruairidh MacLeòid.**



Anns an Lùnastal chumadh seirbheisean sònraichte agus coinneamhan eile a bha a’ comharrachadh gu bheil ceud bliadhna bho thogadh eaglais Loch nam Madadh ann an Uibhist a Tuath. An toiseach bha Loch nam Madadh mar phàirt de sgìr Thrùmaisgearraidh far an robh eaglais na parraiste. Ann an 1911 thubhairt an t-Urr. Tormod Laing aig coinneamh de Chlèir Uibhist e do-sheachainte feumail gum biodh taigh-adhraidh ann an Loch nam Madadh cuideachd. An ath bhliadhna dh’fhosgladh an eaglais ùr, ach mun robh an obair crìochnaichte bha Mgr. Laing air gluasad gu bhith ‘na mhinistear ann am Barabhas. (Thog Linda Gowans an dealbh seo ann an 2009.)

Cùil Nan Ceist

Anns an iris seo tha sinn a’ beachdachadh air eaglais Loch nam Madadh a tha a-nis ceud bliadhna de dh’aois. Air a’ mhìos seo tha sinn a’ cur cheistean mu àiteachan anns a’ Bhìoball far a bheil ceud bliadhna air ainmeachadh. Lorgaidh sibh freagairt nan ceist air a’ cheathramh duilleag.

1. Cia meud bliadhna a bha Iosua seachad air a’ cheud nuair a chaochail e? (Iosua caibideil 24.)
2. Lìon a’ bheàrn seo: “Agus thubhairt esan, Ceud tomhas -----.” (Lùcas, caibideil 16.)
3. Cò a thug ceud fear leis gu taobh a-mach a’ champa? (Breitheamhan, caibideil 7.)
4. Dè na stuthan anns an robh ceud punnd a thug Nicodemus leis airson corp Iosa unghadh? (Eòin, caibideil 19.)

Bliadhna na h-lubile

'S i seo Bliadhna na h-lubile. Air feadh Bhreatainn, agus ann an dùthchannan thall thairis anns a' Cho-fhlaitheas, tha daoine 'nam milleanan a' comharrachadh gu bheil trì fichead bliadhna bho thàinig a' Bhan-rìgh Ealasaid chun a' chrùn.

Ach, mar a tha am Bioball ag ràdh, *Chan eil nì sam bith ùr fon ghrèin*. Tha an lubile cho aosmhor ri linn an t-Seann Tiomnaidh. Gu dearbh, 's ann às a' Bhìoball a dh'èirich am facal lubile agus na tha ceangailte ris an fhacal.

Ann an leabhar Lebhiticuis tha sinn a' leughadh mar a fhuair sluagh Israeil o shean òrdagh bliadhna lubile a chumail a h-uile leth-cheud bliadhna. Bhiodh trompaidean air an sèideadh air feadh na dùthcha ag innse gu robh a' bhliadhna shònraichte seo air tòiseachadh.

Bha an salmadair ag ràdh –

'S beannaicht' an sluagh a thuigeas fòs

An fhuaim tha aoibhneach ait.

Dè an fhuaim a tha sin? Tha sgoilearan a' dèanamh a-mach gur e sin an trompaid a bha ag innse do na h-uile gu robh bliadhna mhòr na h-lubile air tighinn. Bha trompaid spioradail ann a bha a' cur an cèill don t-saoghal beannachdan Dhè.

Dè an fhuaim aoibhneach a bha aig an trompaid o shean? Dè an naidheachd a bha bliadhna na h-lubile a' toirt do shluagh Israeil ri linn an t-Seann Tiomaidh?

An toiseach, ann am Bliadhna na h-lubile am measg nan lùdhach, bha tràilleann air an cur saor.

Bha mòran dhaoine anns na làithean sin a chaill an saorsa a bha ag obair mar sheirbheisich, mar thràilleann, aig cuideigin eile. 'S e naidheachd iongantach a bhiodh ann dhaibh-san gu robh iad a-nis gu bhith air an cur saor à braighdeanas.

Nach ann airson daoine a chur saor a thàinig losa Crìosd don t-saoghal, airson daoine fhuasgladh o dhaorsa a' pheacaidh? Nach e am Fear-saoraidh as ainm dha? *Bheir thu losa mar ainm air, oir saoraidh e a shluagh fhèin om peacaidhean.*

Ann an t-siogagog ann an Nàsaret leugh losa faclan à leabhar Isaiah agus cho-chuir E iad ri a mhinistearachd fhèin. B'Esan an neach a thàinig gu bhith a' searmonachadh an t-soisgeil do na bochdan, a

shlànachadh luchd a' chridhe bhrìste, a ghairm fhuasglaidh do na braighdean.

Thàinig Esan, mar a tha am fàidh ag ràdh, a *shearmonachadh bliadhna thaitneach an Tighearna*. Thàinig Esan gu bhith a' gairm Bliadhna lubile ùr. Chan ann uair ann an leth-cheud bliadhna a tha seo a' tachairt. Tha a h-uile bliadhna a-nis 'na bliadhna lubile, a h-uile latha a-nis 'na latha slàinte.

A-rithist, ann am Bliadhna na h-lubile bha feadhainn a chaill am fearann ga fhaighinn air ais.

Bhiodh barrachd air aon adhbhar ann gun cailleadh cuideigin sealbh air an fhearann a bha aig an teaghlach rè iomadh ginealach. Chaill cuid de na cinn-feadhna na Gàidhealtachd an oighreachdan anns an ochdamh linn deug a chionn gun tug iad taic don Phrionnsa Teàrlach ann an ar-a-mach nan Seumasach.

Agus nach eil e fìor mun Tighearna losa Crìosd gun tàinig E gu bhith a' faighinn air ais na chaill sinn?

Leis a' pheacadh chaill an duine a cho-chomann ri Dia. Chaill an duine a chòir air flaitheanas, thàinig am bàs agus am peacadh a-steach. Ach ann an Crìosd rinneadh rèite eadar an creutair agus an Cruthaidhear, agus tha am bàs air a shlugadh suas le beatha.

Rud cudthromach eile, ann am Bliadhna na h-lubile bha fiachan air an dubhadh às.

Tha fios is cinnt gur e naidheachd aoibhneach a bha sin do dhaoine a bha a' dol fodha ann am fiachan. Cluinnidh sinn an-diugh mu dhùthchannan anns an Roinn Eòrpa a tha ann an droch staing leis na tha orra de dh'fhiachan.

'S dòcha gun canadh mòran nach eil e cothromach agus ceart gum biodh fiachan air am maitheadh do dhaoine a chaidh ann am fiachan le an gòraiche fhèin. Sin mar a bha am bràthair a bu shine a' faireachadh ann an cosmhalachd a' mhic stròdhail. Carson a bha a bhràthair seachranach air a ghabhail air ais mar mhac agus chan ann mar sheirbheiseach? Mar nach biodh dad air tachairt? Ach sin mar a tha gràs Dhè, a tha a' maitheadh pheacaidhean, agus a' toirt cothrom dhuinn tòiseachadh as-ùr. *Ma tha neach sam bith ann an Crìosd is creutair nuadh e: chaidh na seann nithean seachad; feuch, rinneadh na h-uile nithean nuadh.*

Leabhraichean

Bha an t-Oll. Urr. Iain Fearghastan 'na shearmonaiche tlachdmhor soisgeulach ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Fhuair mòran beannachd o na searmoinean aige on àm a bha e ag obair aig an *Faith Mission* agus an dèidh sin anns na sgìrean anns an do shaoithrich e gu dicheallach, ann an Cros ann an clèir Leòdhais eadar 1973 agus 1980, agus a-rithist nuair a bha e ann am Port Rìgh o 1980 gus an do leig e dheth uallach coitheanail. An dèidh dha a dhol a dh'fhuireach don Mhanachainn gus an tàinig bristeadh air a shlàinte bhiodh e air ceann sheirbheisean far an robh feum air. Bha luchd-leughaidh nan *Duilleagan Gàidhlig* miadhail air a chuid sgrìobhaidhean ann an rosg agus ann am bàrdachd. Bha dòigh-sgrìobhaidh aige a bha an còmhnaidh tarraingeach.

A-nis tha cruinneachadh de na searmoinean Beurla aig Iain Fearghastan air an toirt còmhla ann an leabhar snasail. Bidh an leabhar

Crown Him Lord of All
Le Iain Fearghastan

'na chuimhneachan freagarrach air teachdaire agus aoghair air an robh mòran cho measail. Nuair a leughas sinn na searmoinean bidh sinne a bha eòlach air a' cluinntinn a ghuth fhad 's a tha sinn a' tionndadh nan duilleag. Bha alt aig Iain Fearghastan ann a bhith a' cleachdadh shamhlaidhean agus ag innse sgeulachdan a bha a' mìneachadh na e a' teagasg. Anns na searmoinean seo tha iomadh eisimpleir againn air an dòigh anns a bheil rudan timeil 'nan samhladh air fìrinnean spioradail.

Chan eil na searmoinean anns an leabhar seo fada. Ach tha iad làn brìgh. Tha sgeilp agam le leabhraichean-shearmon, gu h-àraidh le ministearan aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhealtachd. Bidh mi tric a' togail an leabhair seo airson fear de na searmoinean sgrìobtarail soisgeulach seo a leughadh as-ùr.

(Tha *Crown Him Lord of All* a' cosg £7 agus tha e ri fhaotainn o Oighrig Fhearghastan, anns a' Mhanachainn 9 Braeview Park, Beaully IV4 7ED.)



Buaidh Searmoin

Tha Dùghall Bochannan, am bàrd, ag innse mun bheannachd a fhuair e o bhith ag èisteachd ri searmoin on Urr. Uilleam Gilleaspaidh aig seirbheis ann an 1750. Aig an àm sin bha Bochannan fhathast a’ lorg slighe na slàinte. “Air mo shlighe dhachaigh shuidh mi a leagadh mo sgìos dhìom, agus ann an tiota bha mo theagamh air sgaoileadh air falbh; bha na geatachan pràis agus croinn iarainn an as-creidimh air am briseadh agus m’anam air a leigeil fa-sgaoil. Thug buachaille Israeil m’anam air a leth mhilleadh à beul an leòmhainn.”

Fuinn

Canaidh mòran nach eil fuaime ann cho brèagha ri bhith ag èisteachd ri coitheanal math a’ seinn earrainnean às na sailm ann an Gàidhlig agus cuideigin le guth ceòlmhor a’ togail an fhuinn. Tha fuinn ann a chuireas sinn os cionn feadhainn eile. Chan eil fonn ann cho freagarrach ri *Stornoway* airson seirbheis a thoirt gu ceann le bhith a’ seinn nan rann mu dheireadh anns an darna salm deug thar an trì fichead. Aig seirbheis Chomanachaidh bidh an treas salm thar a’ cheud air a sheinn. Gu tric ‘s e *Kilmarnock* a bhios air a chleachdadh, ach cluinnear cuideachd *Dundee* air amannan. Nuair a bhios faclan aobhneach anns an t-salm tha *Moravia* glè fhreagarrach a chionn gu bheil e nas aighearaiche na na fuinn eile.

Bho rinneadh aonadh eadar coitheanal Thrùmaisgearraidh agus coitheanal Loch nam Madadh tha còig ministearan air a bhith anns an sgìr. Eadar 1936 agus 1948 bha an t-Urr. Tormod Dòmhnallach air ceann a’ choitheanail gus an do ghluais e gu Mànaidh-Sgarasta. Eadar 1953 agus 1961 bha an t-Urr. Ailig Moireastan ‘na mhinistear ann an Loch nam Madadh. Ann an 1963 chaidh an t-Urr. Iain Murchadh Mac a’ Ghobhainn a phòsadh ris a’ choitheanal, agus bha e an sin gus an do leig e dheth an dreuchd ann an 1992. Is esan am ministear as fhaide a tha air a bhith suidhichte anns an sgìr. Anns an dealbh seo chì sibh Mgr. Mac a’ Ghobhainn còmhla ri Moderàtor an Ard-sheanaidh, am Proifeasair Seumas Stiùbhairt, nuair a bha am Moderàtor air chuairt ann an clèir Uibhist ann an 1963 agus iad a’ tadhal air Beàrnaraigh na Hearadh. Ann an 1995 ghabh an t-Urr. Aonghas Iain Dòmhnallach ri gairm o choitheanal Loch nam Madadh agus Thrùmaisgearraidh. Leig esan dheth uallach coitheanail ann an 2001. An-diugh tha Loch nam Madadh agus Beàrnaraigh ceangailte ri chèile, agus o 2004 tha an t-Urr. Dòmhnall Caimbeul air a bhith air a shuidheachadh anns an sgìr.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a’ mhìos seo: “Tha a bhunait anns na beanntan naomha.” Tha

na faclan sin anns a’ cheud rann anns t-seachdamh salm thar cheithir fichead. (Salm 87:1) Tha bunaitean cudthromach. Tha feum aig taigh air bunaitean làidir ma tha e a’ dol a sheasamh. Ma tha bunait sheasmhach aig togalach cha leag na gaathan e. Tha feum aig ar creideamh air bunait. ‘S e losa Crìosd a’ bhunait as cinntiche a tha ann. Ro-thric bidh daoine a’ togail air bunaitean meallta.

Bha tiormachd air a’ bhliadhna seo air taobh siar na Gàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

Air a’ Ghàidhealtachd tha sinn nas cleachdte ri uisge. Ach air an t-samhradh seo bha na lochan agus na h-aibhnichean mòran na b’isle. Bha sin a’ còrdadh ri luchd-turais. Ach cha robh croitearan agus tuathanaich idir cho toilichte. Cha robh am bàrr a’ fàs mar a bhiodh dùil againn. Ach tha sinn an dòchas gun tig an t-uisge agus gum bi cùisean nas fheàrr. Tuigidh sinn cho duilich agus a tha e a bhith beò ann an dùthchannan tethe an t-saoghail.

Seanfhacal airson a’ mhìos seo: “Ge dubh a cheann, is geal a chridhe.” (Though black

his head, his heart is fair.) Tha am Bioball ag innse dhuinn gu bheil e cunnartach breth a thoirt a rèir coltas an leth a-muigh. Bha Iùdas Iscariot ‘na dheisciobal aig losa, agus bha a chridhe cealgach. Bha slughach lericho a’ smaoinneachadh gur e droch dhuine a bha ann an Sachèus. Ach ‘na chridhe bha iarrtas airson losa fhaicinn. Agus thàinig atharrachadh air Sachèus agus lean e slighe Chrìosd.

Is toigh leam a bhith aig muir ann am bàta beag. Beagan sheachdainean air ais fhuair mi cothrom

a dhol tarsaing Loch Fin ann am bàta luath. Aig aon àm bhiodh aiseagan a’ dol eadar an dà thaobh den loch. Ach an-diugh bidh daoine a’ siubhal ann an carbadan air astar nas fhaide timcheall air ceann an loch. Nuair a tha thu a-muigh air an loch gheibh thu sealladh eile air na h-àiteachan air tìr. Tha e feumail dhuinn sealladh ùr fhaighinn air àiteachan agus air daoine.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

SEARMONAICHEAN AINMEIL

Ged nach do thog Eaglais na h-Alba taigh-adhraidh ann an Loch nam Madadh gu 1912, bha taigh-misein air a bhith aig an Eaglais Shaoir anns a' bhaile o 1891. Aig na seirbheisean-cuimhneachain ann an Loch nam Madadh a bha a' sònrachadh ceud bliadhna de thogalach Eaglais na h-Alba rinneadh iomradh cuideachd air an taigh-adhraidh eile. Ann an 1898 shearmonaich an t-Oll. Urr. Alastair Mac Ghille Bhàin ann an Eaglais Shaor Loch nam Madadh. Aig an àm sin bha esan 'na Mhoderàtor air Ard-sheanadh na h-Eaglaise Saoire. Rinn e searmon ann an eaglais Loch nam Madadh air an treas salm thar fhichead. Ann an 1914 bha an t-Oll. Urr. Seòras Reith 'na Mhoderàtor air Ard-sheanadh na h-Eaglais Shaoir Aonaichte. Chuir esan cuairt air Uibhist agus bhiodh seirbheis aige ann an Loch nam Madadh.


FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh freagairt nan ceist a thog sinn air an duilleig-aghaidh mu àireachan anns na Sgriobtaran far a bheil iomradh air ceud bliadhna. 1. Deich. 2. ---- cruithneachd. 3. Gideon. 4. Mirr agus aloes.

RANN

*Is àrd ar n-inbhe cheana 'n seo,
Ach 's àirde bhios sinn shuas'
Gidheadh an inbhe sin cha lèir
Do neach fon ghrèin san uair-s'.*

Ann an iomadh Bioball an dèidh nan salm ann am meadrachd tha dàin air an stèidheachadh air cuibhreannan de na Sgriobtaran – *Paraphrases* ann am Beurla. Ann an 1751 dh'eadar-theangaich an t-Urr. Alastair MacPhàrlain na dàin sgrìobtarail seo gu Gàidhlig. Bha esan aig an àm sin 'na mhinistear ann an Cill an Inbhir agus Cill Mhealaird. Air iartras an t-Seanaidh rinn ministear eile à Earra Ghàidheal, an t-Oll. Urr. Iain Mac a' Ghobhainn, eadar-theangachadh ùr, a thàinig on chlà ann an 1787. Tha an laoidh seo stèidhichte air 1 Eòin 3: 1-3.



Am broinn nan *Duilleag* tha geàrr-chunntas in n air leabhar a tha air ùr thighinn a-mach le cuid de na searmoinean aig an Oll. Urr. Iain Fearghastan, nach maireann. Rugadh e ann an Cnoc an Torrain ann an Uibhist a Tuath ann an 1937. Ann an 1997 chuireadh urram air le colaiste ann an Canada nuair a rinn iad Ollamh Diadhaireachd dheth.

ADHBHAR GAIRE

Bha Aonghas MacAonghais bliadhnanach mòra 'na eildear ann an eaglais Loch nam Madadh agus bhiodh e a' togail an fhuinn. Bha boireannach anns a' choitheanal aig an robh guth air leth àrd, agus air amannan bha Aonghas a' smaoinichadh gum biodh i a' milleadh na seinn. A' mhadainn a bha seo thog e fonn agus gann gu robh duine anns an eaglais, gu ruigeas an tè a bhiodh a' seinn os cionn chàich, a' leantainn na seinn. Dh'fhaighnich am ministear do fhear-togail na seinn dè am fonn a bha aige. "Bha," ars Aonghas, "St. Neot. Bha fios agam glè mhath nach biodh aice-se."

Urnaigh

A Dhè Uile-chumhachdaich,
ar Cruthaidhear agus ar Fear-saoraidh,
tha sinn ag aideachadh
gu bheil ar sealladh tric cho cumhang.
Chan eil sinn ag aithneachadh
cho farsaing agus a tha do ghràdh.
Chan eil sinn a' faicinn
nan dòighean eadar-dhealaichte
anns a bheil do Spiorad
ag obrachadh
ann am beatha an t-saoghail.
Fosgail ar sùilean,
meudaich ar creideamh,
ach an tuig sinn
farsaingeachd do ghràis.

Amen

An dealbh air an taobh a-muigh:
An dà Bheinn Lì a tha
mar fhreiceadan os cionn baile
Loch nam Madadh.
Chithear mansa Loch nam Madadh
air an làimh dheis.
(An dealbh le Linda Gowans.)